

“Mouth music as it should be sung! ... The mutual understanding between the singers is completely apparent. ” *(translated from the full review below)*

“Is iomadh neach a chuireas fàilte air Fonn, CD a nochd o chionn ghoirid o theaghlach de sheinneadairean air leth iomraiteach ann an saoghal na Gàidhlig – Caimbeulaich a’ Ghnìoba san Eilean Sgitheanach... Se Jerry Boys a bha ’na riochdaire air an CD. Choisinn esan iomadh duais ’na dhreuchd air sgàth obrach còmhla ri seinneadairean agus luchd-ciùil ainmeil air feadh an t-saoghail, Buena Vista Social Club ’nam measg.

Bidh seinn nan Caimbeulach a’ sealltainn cho beartach ’s a bha coimhearsnachdan beaga na Gaidhealtachd le ceòl agus òrain. Chluinnteach seann òrain eachdraidheil le bàird ainmeil, ach taobh ri taobh riutha bhiodh òrain eirmseach le bàird bhaile, a bhiodh a’ toirt iomradh air tachartasan de dh’iomadh seòrsa san sgìre aca fhèin. Chluinnteach cuideachd òrain co-cheangailte ri iomadh seòrsa obrach, agus puirt airson dannsa... Tha na Caimbeulaich air ùidh mhòr a ghabhail annta, agus tha iad fìor mhath air an gabhail. Mar sin, chan eil e ’na iongnadh gu bheil còig seataichean de phuirt ri’n cluinntinn air Fonn. Seo puirt mar bu chòir dhaibh a bhith air an gabhail...

Tha Fonn a’ tòiseachadh le Wilma a’ seinn Ceud Soraidh, Ceud Slàinte mar a dh’ionnsaich i e o chlàradh ann an Sgoil Eòlais na h-Alba dhen t-seinn aig Seonag (Chaimbeul) NicLeòid dà ghinealach air ais anns an teaghlach. Tha an t-seinn socair, sèimh, le sreathan fada air an seinn gun strì. Cluinnear na guthan aig na Caimbeulaich ann an co-sheirm grunn thursan air Fonn, agus tha an tuigse eadar na seinneadairean fìor fhollaiseach, gu h-àraid anns an t-sèist aig Cha Tig Mòr mo Bhean Dhachaigh agus cuideachd ann an Fhir a’ Chinn Duibh agus Sìos dhan an Abhainn.”

Iseabail T NicDhòmhnaill, An t-Albannach (The Scotsman) - Edinburgh, Scotland